



Nàiseanta 4
Sònrachadh Cùrsa



Eachdraidh Nàiseanta 4 Sònrachadh a' Chùrsa (C772 74)

Dligheach bhon Lùnastal 2024

An deasachadh seo: Cèitean 2024, dreach 2.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach faighear prothaid sam bith bhon ath-riochdachadh agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo a luchdadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near notaichean air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharrachaidhean bho dhreachan nas tràithe (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2024

Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tìotal a' Chùrsa: Eachdraidh Nàiseanta 4

SCQF: ìre 4 (24 puingeann creideis SCQF)

Còd a' Chùrsa: C772 74

Aonadan riatanach

H2V9 74	Sgrùdadh Eachdraidheil: Albannach (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
H2VB 74	Sgrùdadh Eachdraidheil: Breatannach (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
H2VF 74	Sgrùdadh Eachdraidheil: An Roinn Eòrpa agus An t-Saoghal (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF

Aonad Luach Leasaichte

H2V3 74 Obair Shònraichte Eachdraidh (Nàiseanta 4) 6 puingeann creideis SCQF

Tha sia puingeann creideis SCQF anns a' Chùrsa seo airson measadh air luach-leasaichte anns an Aonad Luach-Leasaichte. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun Aonad seo san earrainn air Measadh.

Inntrigeadh air a mholadh

Tha inntrigeadh don Chùrsa seo an urra ris an ionad. Ach bhithte an dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean agus an t-eòlas riatanach fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ Cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 3 no Aonadan buntainneach a tha nam pàirtean dheth

A thaobh ro-ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait iomchaidh airson an Cùrsa seo a dheanamh cuideachd. Tha tuilleadh fiosrachadh air eòlasan agus builean buntainneach air a thoirt seachad ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ Cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5 no na h-Aonadan aige
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleach mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

Co-ionannas agus in-ghabhaltas

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan

luchd-ionnsachaidh fa-leth a thoirt fa-near nuair a thathar a' planadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' beachdachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra is ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealaim airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fhearr air sgilean agus ionnsachadh a chuir an gnìomh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Ann an Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus air cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-irean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlán agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha an Cùrsa seo a' togail air prionnsapalan agus cleachdadh airson eòlas sòisealta agus thèid a leasachadh gu sònraichte, ged nach ann gu h-iomlan, fon cheann 'daoine, tachartasan san àm a dh'fhalbh agus coimhearsnachdan' taobh a-staigh nan eòlasan agus nam builean ann an raon curraicealaim cuspairean sòisealta.

Ann an Eachdraidh, leasaichidh luchd-ionnsachaidh an tuigse air an t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu dhaoine eile agus an luachan, ann an amannan, àiteachan agus suidheachaidhean eadar-dhealaichte.

Brosnaichidh an Cùrsa seo luchd-ionnsachaidh gus beachdan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis do luachan, creideasan agus cultaran dhaoine eile; a bhith fosgailte do smaoineachadh agus bheachdan ùra, agus mothachadh air dleasdanas agus saoranachd chruinneil.

Tha an Cùrsa seo a' cur ri tuigse luchd-ionnsachaidh air a' choimhearsnachd anns a bheil iad a' fuireach agus ag obair le bhith gan cuideachadh gus mapa den àm a dh'fhalbh, lèirsinn agus tuigse air na feachdan a thug cumadh air an t-saoghal san latha an-diugh a leasachadh.

Tha a bhith a' faighinn eòlas agus tuigse stèidhichte air smachd air tachartasan eachdraidheil aig cridhe cuideachadh luchd-ionnsachaidh a bhith ag obair mar chom-pàirtichean èifeachdach, a bharrachd air a bhith a' toirt misneachd dhaibh nam beatha ionnsachaidh agus obrach.

Tha eachdraidh a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gu bhith a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasan ann an iomadh dòigh. Mar eisimpleir, tha sealladh luchd-ionnsachaidh air a leudachadh agus thathar a' toirt dùbhlán dhaibh coimhead air an t-saoghal ann an dòighean ùra. Fàsaidh am misneachd nuair a thòisicheas iad a' tuigsinn barrachd mun dearbh-aithne aca agus mun àite aca san t-saoghal cho-

aimsireil. Togaidh luchd-ionnsachaidh frèam de eòlas agus tuigse eachdraidheil a chuidicheas iad gus mothachadh air saoranachd earbsach a leasachadh.

Bheir an obair rannsachaidh agus breithneachail sa Chùrsa seo eòlas cudromach do luchd-ionnsachaidh a thaobh a bhith a' cur ri obair-buidhne agus cuideachd a bhith ag obair air an ceann fhèin. Gheibh luchd-ionnsachaidh buadhan a bhios cudromach airson am beatha agus an obair.

Tro sgilean agus susbaint a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean litearrachd mean air mhean; a' leughadh theacsaichean eachdraidheil, a' sgrìobhadh chunntasan air cuspairean is tachartasan eachdraidheil, a bharrachd air a bhith a' cur ri obair-buidhne.

Tro bhith a' cur fòcas air stòran, leasaichidh luchd-ionnsachaidh mothachadh air dleastanas agus saoranachd.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

Fosgaidh an Cùrsa seo saoghal na h-ama a dh'fhalbh do luchd-ionnsachaidh. Bheir eachdraidh sealladh do luchd-ionnsachaidh air am beatha fhèin agus air a' chomann-shòisealta agus an saoghal san fharsaingeachd sa bheil iad beò.

Le bhith a' sgrùdadh na h-ama a dh'fhalbh, gheibh luchd-ionnsachaidh tuigse nas fheàrr air na coimhearsnachdan aca fhèin, an dùthaich aca agus an saoghal mòr. Tro thuigse air bun-bheachd leantailachd, faodaidh iad luach nas fheàrr a thoirt air atharrachadh agus cho cudromach sa tha e, an dà chuid nan amannan fhèin agus san àm a dh'fhalbh.

Gheibh luchd-ionnsachaidh farsaingeachd agus doimhneachd nan eòlas agus an tuigse air an àm a dh'fhalbh tro bhith a' sgrùdadh cho-theacsan Albannach, Breatannach, Eòrpach agus cruinne ann an diofar amannan. Bidh roghainnean a' còmhach cuspairean bho na Meadhan Aoisean, an Nuadh-aois Tràth agus an Nuadh-aois nas Anmoiche agus a' toirt a-steach eileamaidean de dh'eachdraidh phoilitigeach, shòisealta, eaconamach agus chultarach. Faodar an dòigh-obrach a chaidh a leasachadh agus an tuigse a gheibhear a chur an sàs ann an suidheachaidhean agus cùisean eachdraidheil eile.

'S iad prìomh amasan a' Chùrsa gun leasaich luchd-ionnsachaidh:

- ◆ tuigse bhun-bheachdail air an àm a dh'fhalbh
- ◆ raon de sgilean a' gabhail a-steach comas sealladh eachdraidheil neo-fhillte a chur an gnìomh agus beachd a thoirt air stòran eachdraidheil ann an raon de cho-theacsan
- ◆ eòlas agus tuigse neo-fhillte air na feartan a tha a' cur ri, agus a' bhuaidh a th' aig, tachartasan eachdraidheil
- ◆ na sgilean ann a bhith a' sgrùdadh thachartasan eachdraidheil agus a' cruthachadh bheachdan
- ◆ na sgilean ann a bhith a' mìneachadh thachartasan eachdraidheil, agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean dìreach

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Tha Cùrsaichean Eachdraidh buntainneach do raon farsaing de luchd-ionnsachaidh. Tha an Cùrsa seo iomchaidh dhaibhsan a tha ag iarraidh tuigse nas fheàrr fhaighinn air eachdraidh no a tha airson adhartas a dhèanamh agus speisealachadh ann an tuilleadh ionnsachadh eachdraidheil.

Tha inntigeadh don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ach, dh'fhaodadh gum biodh e feumail don neach-ionnsachaidh na sgilean agus an t-eòlas a bhith aca a chaidh a leasachadh tro eòlasan agus builean buntainneach bhon fhoghlam fharsaing choitcheann agus teisteanasan co-ionann.

Tro bhith a' coileanadh a' Chùrsa seo gu soirbheachail, bidh sgilean cudromach airson ionnsachadh, beatha agus obair gan leasachadh. Tha na sgilean seo a' gabhail a-steach: a' rannsachadh, a' tuigsinn agus a' cleachdadh raon cuingealaichte de thùsan fiosrachaidh neo-fhillte; a' mìneachadh fiosrachadh mu chuspairean agus tachartasan eachdraidheil cudromach; agus a' conaltradh, ann an caochladh dhòighean, co-dhùnaidhean stèidhichte air fianais.

Tha a h-uile Cùrsa san sreath seo a' toirt fa-near air feumalachdan a h-uile neach-ionnsachaidh agus tha iad a' tairgse sùbailteachd gu leòr gus comas a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bhith a' coileanadh ann an diofar dhòighean agus aig luaths diofraichte.

Tha Aonadan agus Cùrsaichean Eachdraidh gan tabhann bho ìre SCQF 3 gu ìre SCQF 7. Gabhaidh adhartas dìreach a dhèanamh tro na h-ìrean de theisteanasan Eachdraidh agus taobhach gu teisteanasan eile san t-sreath de Chùrsaichean cuspairean sòisealta.

Leigidh Cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 4 luchd-ionnsachaidh a-steach gu tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus trèanadh. Tha an Cùrsa seo na ullachadh airson raon farsaing de dh'obraichean agus dhreuchdan.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' Chùrsa

Leasaichidh an Cùrsa seo raon de sgilean inntinneil. Brosnachaidh e ionnsachadh gnìomhach ann a bhith a' leasachadh tuigse air daoine agus comann-sòisealta san àm a dh'fhalbh. Togaidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas buntainneach agus mar a chuireas iad an gnìomh sgilean ann a bhith a' rannsachadh, a' sgrùdadh agus a' luachadh stòran gus tachartasan agus cuspairean eachdraidheil cudromach a thuigsinn agus a mhìneachadh.

Tha ceithir Aonadan riatanach sa Chùrsa seo, a' gabhail a-steach an Aonaid Luach Leasaichte. Anns gach Aonad tha sùbailteachd a thaobh cho-theacsaichean agus chuspairean a dh'fhaodar sgrùdadh gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh raon farsaing de sgilean a ghabhas gluasad, a' gabhail a-steach: a' rannsachadh, a' tuigsinn agus a' cleachdadh raon cuibhrichte de stòran fiosrachaidh; a' mìneachadh fiosrachadh mu chuspairean/tachartasan eachdraidheil; agus a' conaltradh, ann an caochladh dhòighean, co-dhùnaidhean stèidhichte air fianais.

Thèid na sgilean a tha air an ainmeachadh gu h-àrd a leasachadh agus an cur an gnìomh thairis air raon de cho-theacsan eachdraidheil. Tha gach Aonad cuideachd a' tabhann chothroman do luchd-ionnsachaidh fòcas a chuir air sgilean sònraichte.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Sgrùdadh Eachdraidheil: Albannach (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh dòighean gus beachd a thoirt air stòran eachdraidheil. Faodar tachartasan agus cuspairean a sgrùdadh ann an eachdraidh na h-Alba bho na Meadhan Aoisean, an Nuadh-aois Tràth no an Nuadh-aois nas Anmoiche. Bidh luchd-ionnsachaidh a' leasachadh eòlas agus tuigse air raon de sgrùdadh eachdraidheil

Sgrùdadh Eachdraidheil: Breatannach (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh dòighean gus beachd a thoirt air buaidh leasachadh eachdraidheil. Faodar tachartasan agus cuspairean a sgrùdadh ann an eachdraidh Bhreatainn bho na Meadhan Aoisean, an Nuadh-aois Tràth no an Nuadh-aois nas Anmoiche. Bidh luchd-ionnsachaidh a' leasachadh eòlas agus tuigse air raon de sgrùdadh eachdraidheil.

Sgrùdadh Eachdraidheil: An Roinn Eòrpa agus An Saoghal (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh dòighean gus beachd a thoirt air na nithean a tha a' cur ri leasachadh eachdraidheil. Faodar tachartasan agus cuspairean a sgrùdadh ann an eachdraidh na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail bho na Meadhan Aoisean, an Nuadh-aois Tràth no an Nuadh-aois nas Anmoiche. Bidh luchd-ionnsachaidh a' leasachadh eòlas agus tuigse air raon de sgrùdadh eachdraidheil

Aonad Luach Leasaichte: Obair Shònraichte Eachdraidh (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, nì luchd-ionnsachaidh roghainn ann a bhith a' taghadh cuspair airson sgrùdadh pearsanta air a tharraing à co-theacsan Albannach, Breatannach no Eòrpach agus an t-saoghail. Rannsaichidh iad a' chuspair a thagh iad agus cuiridh iad an cèill an co-dhùnaidhean. Tron obair seo, bidh cothroman aca barrachd doimhneachd no leudachadh air eòlas, tuigse agus sgilean eachdraidheil a shealltainn cho math ri cothroman na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a fhuair iad sna h- Aonadan eile den Chùrsa a leasachadh agus a chleachdadh.

Cùmhnantan duaise

Gus an Cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 4 a choileanadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh gach Aonad riatanach a choileanadh, 's nam measg an t-Aonad Luach Leasaichte. Chithear na h-Aonadan riatanach anns an earrann Geàrr-iomradh a' Chùrsa.

Chan eil Cùrsaichean Nàiseanta 4 air an rangachadh.

Sgilean, eòlas is tuigse

Gheibhear làn sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh an Aonaid Luach Leasaichte*. Tha an earrainn seo a' toirt foir-shealladh farsaing air sgilean, eòlas agus tuigse a' chuspair a thèid a mheasadh sa Chùrsa.

Tha seo a' gabhail a-steach:

- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean, eòlas agus tuigse neo-fhillte ann an co-theacsaichean bho eachdraidh Albannach, Breatannach no Eòrpach/an t-saoghail
- ◆ a' toirt beachd air tùs agus susbaint stòran eachdraidheil ann an dòigh dhìreach
- ◆ a' toirt beachd air buaidh leasachaidhean eachdraidheil ann an dòigh dhìreach, a' taisbeanadh fiosrachadh ann an dòigh eagraichte
- ◆ a' toirt beachd air na factaran a bha a' cur ri leasachaidhean eachdraidheil, a' tighinn gu co-dhùnidhean dìreach
- ◆ le beagan stiùiridh, a' rannsachadh agus a' cleachdadh fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh bho raon de thùsan eachdraidheil agus a' taisbeanadh thoraidhean
- ◆ a' leasachadh eòlas agus tuigse fhirinneach, neo-fhillte air cuspairean agus tachartasan eachdraidheil ann an co-theacsan Albannach, Breatannach, Eòrpach agus an t-saoghail

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònraichidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF (www.sqa.org.uk/scqf).

Measadh

Tha fiosrachadh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa* a bheir làn fhiosrachadh a' toirt a-steach comhairle air mar a thèid coileanadh iomlan neach-ionnsachaidh sa Chùrsa a dhearbhadh.

Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an Sònrachadh an Aonaid.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le bhith a' cleachdadh dòighean-obrach eile le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh taobh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

Sgrùdadh Eachdraidheil: Eachdraidh Albannach (Nàiseanta 4)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air:

- ◆ comas beachd a thoirt air tùsan eachdraidheil ann an dòigh shìmplidh, a' gabhail a-steach cò as a tha iad agus an susbaint aca
- ◆ tuairisgeulan agus mìneachaidhean a' taisbeanadh eòlas agus tuigse fhìrinneach shìmplidh air cuspairean agus tachartasan taobh a-staigh raon de dh'eachdraidh na h-Alba

Sgrùdadh Eachdraidheil: Eachdraidh Bhreatannach (Nàiseanta 4)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air:

- ◆ comas beachd a thoirt air buaidh leasachadh eachdraidheil ann an dòigh shìmplidh agus fiosrachadh a thaisbeanadh ann an dòigh eagraichte
- ◆ tuairisgeulan agus mìneachaidhean neo-fhillte a' taisbeanadh eòlas agus tuigse fhìrinneach air cuspairean agus tachartasan taobh a-staigh raon de dh'eachdraidh Bhreatainn

Sgrùdadh Eachdraidheil: An Roinn Eòrpa agus An t-Saoghal (Nàiseanta 4)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air:

- ◆ comas beachd a thoirt air na factaran a tha a' cur ri leasachadh eachdraidheil ann an dòigh dìreach, a' tighinn gu co-dhùnadh dìreach
- ◆ tuairisgeulan agus mìneachaidhean a' taisbeanadh eòlas agus tuigse fhìrinneach shìmplidh air cuspairean agus tachartasan taobh a-staigh raon de dh'eachdraidh na Roinn Eòrpa agus an t-saoghail

Aonad Luach Leasaichte

Tha measadh air [luach leasaichte](#)¹ ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd-Ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 4, thèid luach leasaichte air a mheasadh ann an Aonad Luach Leasaichte. Dèiligidh an t-Aonad Luach Leasaichte ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlán no cur an gnìomh.

Sa Chùrsa Eachdraidh Nàiseanta 4, cuiridh an t-Aonad Luach Leasaichte fòcas air:

- ◆ dùbhlán
- ◆ cuir an gnìomh

Tarraingidh, leudachaidh agus cleachdaidh an neach-ionnsachaidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha iad air faighinn tron Chùrsa. Thèid seo a mheasadh le [obair shònraichte](#)² far am feum luchd-ionnsachaidh an eòlas agus an sgilean a leudachadh agus a chur an gnìomh agus bidh e fosgailte agus sùbailte gu leòr airson pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Tha eisimpleirean de dhòighean measaidh airson nan Aonadan rim faighinn sa *Ghoireas Measaidh Nàiseanta*.

¹ Gheibhear làn fhiosrachadh air an dreuchd an seo: www.sqa.org.uk/sqa/58409.html

² Mar bonn-nota gu h-àrd

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Thathar an dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean air a bheilear an dùil a bhios luchd-ionnsachaidh a' a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa, stèidhte air *Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh* agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal Feumar iad seo fhisge a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

1 Litearrachd

1.1 Leughadh

4 Comas-cosnaidh, iomairt agus saoranachd

4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

5.2 Tuigse

5.3 Cur an gnìomh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh*. Bidh ìre nan sgilean sin freagarrach airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann *Notaichean-taice a' Chùrsa*.

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: Cèitean 2024, dreach 2.0

Eachdraidh atharrachaidhean ann an Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Dreach	Tuairisgeul atharrachaidh	Deit
2.0	Anns an earrainn 'Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais', tha 'mothachadh cunntachail' air a cheartachadh anns an dreach Beurla den sgrìobhainn seo.	Cèitean 2024

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo a luchdadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near: Tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA (www.sqa.org.uk) gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den t-Sònrachadh Cùrsa seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2024